



## Tìotal: A' coimhead às dèidh phlanntaichean agus beathaichean

### Ìre: TRÀTH

#### Ceanglan Cfe

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag ionnsachadh mu cò às a tha rudan beò a' tighinn agus mar a tha iad a' fàs, a' tighinn air adhart agus air an àrach. HWB 0-50a	<ul style="list-style-type: none"><li>Air chomas eisimpleirean a thoirt g innse cò às a tha rudan beò a' tighinn, me planntaichean bho shìol, iasg às uighean.</li><li>Air chomas mìneachadh gum feum rudan beò biadh, uisge agus cùram airson fàs agus a bhith beò.</li></ul>

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun leudaich clann an tuigse air mar a tha planntaichean agus beathaichean a' fàs agus a' tighinn gu ìre.
- Gun tuig clann bun-bheachd cuairt-bheatha.
- Gun tuig clann gu bheil feum aig gach rud beò air altram agus cùram.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha fios agam dè th' ann an rud beò agus dè dh'fheumas e, leithid biadh agus fàs.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil diofar fheumalachdan aig rudan beò eadar-dhealaichte.
- Tha mi a' tuigsinn agus 's urrainn dhomh ainmean a chur ri cuairt-bheatha cuid de phlanntaichean agus beathaichean.
- Tha mi a' tòiseachadh air tuigsinn dè tha coltach agus diofraichte mu chuirtean-beatha.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil cuid de beathaichean an eisimeil pàrant/neach-cùraim airson biadh.
- Tha mi a' tòiseachadh air ceangal a dhèanamh eadar an t-ionnsachadh agus mì-fhìn agus tha mi air chomas bruidhinn air an seo.

#### Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha ceanglaichean ris an dachaigh ann am feadhainn de na gnìomhan a thathar a' moladh. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionaid/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

#### Prìomh fhaclan/Briathrachas

- Croit
- Beathach
- Bogsa eun
- Tuathanas
- Meas
- Gàrradh

Goireas teagaisg // Tha an t-susbaint seo gu lèir airson suidheachadh foghlaim. Airson tuilleadh fiosrachaidh thèidibh gu [www.rshp.scot](http://www.rshp.scot) // Lùnastal 2019

- Cuairt-bheatha
- Peata
- Planntaichean
- Glasraich

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nàdarra, nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras tachartas sònraichte. Tha e fìor cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, agus mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

<b>A' toirt a-steach mheasan agus glasraich</b>	Thoir cothrom dhan chloinn diofar mheasan agus ghlasraich fheuchainn – a' meòrachadh air cò an fheadhainn a tha a' chlann eòlach air agus air fheuchainn. Dèan seisean spòrsail a' toirt dhaibh cothrom blaiseadh air feadhainn dhiubh.
<b>Dè dh'fheumas planntaichean?</b>	Cleachd cothroman sa ghàrradh, san raon-cluiche no dìreach a-muigh gus coimhead air planntaichean agus gus bruidhinn air na dh'fheumas planntaichean airson a bhith beò: èadhar, solas, blàths, uisge agus biadh (ùir fhallain).
<b>A' fàs rudan sa ghàrradh agad</b>	Dèanaibh postairean agus taisbeanaidhean airson cuideachadh a thoirt do luchd-tadhail tuigsinn na tha sibh a' fàs agus ciamar a tha e air fàs.
<b>Cuir sìol phònair-leathann ann an crogain/cuairt-bheatha phlanntaichean</b>	Sgol crogan silidh airson a ghlanadh agus fàg an taobh a-staigh aige fliuch. Paisg pìos pàipear cidsin na bhroinn agus put e ris a' ghlainne, Cuir sìol pònair-leathann eadar am pàipear agus a' ghlainne agus fàg an crogan air an sòla-uinneig. Cuir spàin de dh'uisge dhan chrogan gach latha a' cumail na th' ann tais ach gun a bhith bog fliuch. An ceann latha no dhà bu chòir gun do thòisich an sìol air fàs. An ceann seachdain no dhà, faodaidh sibh am planntas beag a ghluasad gu poit 10cm làn compost no gu talamh fosgailte. Mar a bhios na planntaichean a' fàs, bidh taic a dhìth orra le biorain. Nuair a ruigeas iad àirde 75 cm, gearr dhiubh am bàrr agus fuirich ris an toradh agad.
<b>A' tadhal air croit</b>	Cuir air dòigh cuairt gu croit san sgìre agaibh agus faigh a-mach dè as fheàrr a dh'fhàsas far a bheil thusa a' fuireach agus mar a bhios na gàirnealairan a' fàs agus a' coimhead às dèidh na bhios iad a' fàs.
<b>Bogsa eun</b>	Dèan suas bogsa eun, thoir biadh dha na h-eòin tron bhliadhna, cùm sùil air agus dèan clàr de na h-eòin a bhios a' tadhal.
<b>A' coimhead às dèidh pheataichean aig an taigh.</b>	Rannsaich dè na peataichean a th' aig clann aig an taigh. Dè dh'fheumas iad? Cò bhios a' dèanamh dè airson coimhead às an deidh? Dèan gailearaidh pheataichean. Iarr air co-obraichean no air feadhainn bho theaghlaichean na cloinne peata a thoirt a-steach gus gum faic iad e agus gum bruidhinn iad air. Tro chòmhraidh thoir a-steach ainmean bheathaichean agus an àl, cù, cuilean msaa.

---

<b>Cuairt-bheatha bheathaichean</b>	Film goirid bhon BhBC (1mion29) le fòcas air an dealan-dè. <a href="https://www.bbc.com/bitesize/articles/zttckqt">https://www.bbc.com/bitesize/articles/zttckqt</a>
<b>Òrain agus rannan</b>	Old MacDonald Had a Farm... ... Five Little Ducks... Five Little Monkeys... There was an old lady that swallowed a fly... <a href="https://learnenglishkids.britishcouncil.org/en/songs/old-macdonald-had-farm">https://learnenglishkids.britishcouncil.org/en/songs/old-macdonald-had-farm</a>
<b>Aibideil bheathaichean</b>	Lìon an aibidil a-steach mar a tha thu a' dol air adhart.
<b>Leabhraichean</b>	Leugh feadhainn de na leabhraichean a thathar a' moladh dhan bhuidheann no do chlann fa leth gus coimhead air feumalachdan bheathaichean, mar a bhios sinn a' coimhead às an dèidh, agus cho cudromach 's tha an ceangal a tha eadar daoine agus peataichean.

---

## LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHLA NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD

### *Thoiribh sùil air an liosta shlàn a gheibhear aig Tràth-ìre*

Tha na leabhraichean san liosta seo a' toirt dhuibh cothroman còmhraidh air na cuspairean. Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidh dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a' dèiligeadh, gabhaidh iad cleachdadh còmhla ri clas no buidheann, an leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingeann ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachadh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

### **The Very Hungry Caterpillar**

Eric Carle (ISBN 0241003008 Board book)

Leabhar clasaigeach, dathach le sgeulachd shìmplidh, làn dòchais. Leabhar tlachdmhor do chlann oga.

### **I want a pet**

Lauren Child (ISBN 9780711213395)

Mar as motha tha èiginn air an sgeulaiche airson peata, 's ann as annasaiche a tha a molaidhean. Dè mu ochd-chasach? Boa constrictor? Tha i a' gabhail ri gearanan an teaghlach gu socair ach chan eil i air a bacadh. Aig deireadh na sgeòil tha a' bhana-ghaisgeach dhìorrasach a' lorg peata nach cuireadh dragh air neach sam bith...

### **My Cat Mac**

Margaret Forrester and Sandra Klaassen (ISBN 0863157475)

Nuair a tha teaghlach ùr a' tighinn a dh'fhuireach dhan taigh aig Mac an Cat ann an Dùn Èideann, tha e a' cur roimhe leigeil leotha fuireach. Tha e riamh air a bhith ag iarraidh caraid sònraichte agus tha an nighean bheag, Catriona, gu math laghach. Ach nuair a tha Catriona a' cur aodach doileig air agus ga phutadh ann am pram, chan eil e air a dhòigh. Leasan sìmplidh mu bhith spèiseil do pheata agus gun a bhith ga làimhseachadh mar dhèideag.

### **Hickory Dickory Dog**

**Alison Murray (ISBN 0763668265)**

Tha Zac agus an cù aige Rufus gu math dlùth. Mar sin nuair a tha Zac a' dol dhan sgoil airson a' chiad uair, tha agus Rufus... Ge bith càit an tèid Rufus, bidh spòrs agus mì-mhodh ann gu cinnteach.

**What Did I look Like When I Was a Baby?**

Ùghdar Jeanne Willis agus Tony Ross (ISBN 184270 2106)

Tha Mìcheal a' faighneachd dha mhàthair; tha am babùn a' faighneachd dha mhàthair agus tha na beathaichean eile uile a' faighneachd dham màthraichean. Tha an fhreagairt anns gach suidheachadh eirmseach agus glè shìmplidh. Tha an leabhar seo a' coimhead air rudan a bhios a' ruith ann an teaghlaichean agus gineachan ann an dòigh a tha èibhinn agus sìmplidh. Eirmseach le fealla-dhà